

SEACHAIN MEARACHDAN

Le Catriona Dunn, CnES

a a'
a : nas trice na a'

a) a' the
air beulaibh bh ph mh ch gh

aig a' bhalach
anns a' phreas
Tha a' mhuir ciùin
Bàgh a' Chaisteil
Chunna mi a' ghealach ùr

b) a' -ing sa Bheurla

a' bruidhinn
a' seinn
a' leum
a' ruith

a an àite sam bith eile far a bheil fuaim a e.g.

a leis no leatha
a chàr
a còta

a gnìomhair le to – sa Bheurla
a bhruidhinn
a sheinn etc

a Mhàiri (vocative)
an duine a b' aosta (relative pronoun)
Tha mi a' dol a Lunnainn (gu)
a rèir, a thaobh, a chum (compound prep)

bidh/bithidh bi
a bhith bhi bith

Bidh/bithidh

an t-àm ri teachd

Bidh mi tràth a-màireach.

Bithidh mi tràth a-màireach.(Le cuideam air)

Bi

còmhla ri am, gum, mura, nach

Am bi thu tràth a-màireach? Bithidh.

Thig a-nall mura bi thu ro sgìth.

Nach bi sin cus dhut?

Can ris gum bi thu ann.

Bhi

còmhla ri cha a-mhàin

Cha bhi thu anmoch, am bi?

A bhith/gu bhith

to be

Chan eil math dhut a bhith fadalach. Tha e gu bhith aig an taigh tràth a-nochd.

Bith

daonnan

beatha

bith-beò

bith-bhuam

sam bith

Cur/chur

Cuir/chuir

a) a' cur putting
a chur to put

b) cuir uair sam bith eile
chuir

a) Tha e a' cur an t-sìl.
Bha mi ga cur dhachaigh.
Bha iad air an cur don àite cheàrr.

Dè tha thu a' dol a chur ort?
Chunnaic mi e ga chur air a' bhòrd.
Tha thu air mo chur tuathal.

b) Cuir ort d' aodach.
Nach cuir thu thugam an leabhar sin?
Na cuir sin ort co-dhiù.
Mura cuir thu sgoinn ort, bidh sinn air dheireadh.
Tha e ag ràdh gun cuir e lèine ghlan air.

Chuir mi umhail air o chionn greis.
Cò chuir am biadh air a' bhòrd?
Cha do chuir mi am buntàta fhathast, an do chuir thu fhèin?

a h- (leatha)
ar n- (leinn)
ur n- (leibh)

a h' }
ar h' } ceàrr
ur h' }

a h-ad
a h-athar
a h-innleachdan

ar n-àite
ar n-athraichean
ar n-òrain

ur n-aodach
ur n-oileanaich
ur n-uallaichean

dèanaibh

dèanamh

a) dèanaibh imperative

Dèanaibh sin cho luath 's a ghabhas.
Na dèanaibh cus fuaim.

b) a' dèanamh doing

Dè tha thu a' dèanamh?
Dè tha dùil agad a dhèanamh?

c) dhèanadh

Dè dhèanadh tu?
Cha dèanadh e càil a dh'iarrainn air.
Carson nach dèanadh e sin?
Dh'inns mi gun dèanadh ise e.

na (ann a)
ga (aig a)
dha (do)
(do e)

a) Tha e na iasgair.

Tha i na h-oileanach.

b) Tha mi ga fhaicinn aig ochd a-nochd.

Chan eil mi a' dol ga innse dhise.

Tha iad a' dol ga chur gu Gordonstoun.

Tha i ga call fhèin.

c) dha

Thoir dha lain e. = Thoir do dh'lain e.

Thoir sin dha.

gun

gur

a)

Tha i ag ràdh

} gun robh i ro sgìth
gun tuirt i sin roimhe
gun seinn i a-nochd
gun inns i an fhìrinn
gun ruith i anns an rèis

b)

Tha i ag ràdh gur ann mar sin a bha.

A bheil thu ag ràdh gur ise a rinn sin?

Thuir am ministear gur e latha dorcha don sgìre a bha seo.

's a'

(agus a')

's a

(agus a)

sa

(anns a')

Bha iad a' cur 's a' buain an sin fad bhliadhnachan.

Chaidh sinn fhèin 's a bhràthair ga fhaicinn.

Dh'fhalbh sinn sa mhadainn.

Fuaimnean

a)	doile Doileag poileasaidh poileas faileas (anns an sgàthan)	dola x Dol(l)ag x polasaidh x polas x fallas (an dèidh obair chruaidh)
b)	oirre orra	Chuir i dreasa ghorm oirre. Chuir iad an còtaichean orra.
c)	ro robh roth	Tha an taigh ro mhòr dhaibh. Bidh mi an sin ro ochd. An robh thu fuar? Cha robh. Cuibhle.
d)	leughadh leaghadh	Tha e a' leughadh leabhar. Tha i a' leaghadh an ime.
e)	leam leum	Is toigh leam aran-coirce Is urrainn dhi leum gu math àrd.
f)	duine daoine	1 2 +
g)	-adh	nochdadh

CEARTAICH

(1)

Cha ro Domhnall fhathast robh chinnteach dè bha a' mhàthair a' ciallachadh agus chrath e a' cheann mas do lean e an fheadhainn eile a-null chun a' gheata far an robh duine a gabhail airgead bhon fheadhainn a bha a dol air an ro mhòr.

(2)

Bha iad air a dhol ma dhà mhìle a-mach as a bhaile nuair a' chaidh an dà chàr poilis seachad oirre.

“Cuiridh mi geall gun ann chun na fèille tha iad a dol,” arsa Coinneach.

“Tha mi a' creidsinn gun ann,” arsa Seumas.

“Leigidh sinn ar h-anail ann an seo airson greiseag.”

(3)

Thòisich na Fìobhaich a' cuir suas thogalaichean na bu mhotha agus cha b' fhada gus an ro taighean an ìre mhath cofhurtail air an cuir suas cho fada muigh ri Ceann a Bhàigh.

(4)

Cha robh sluagh an eilein idir cho borb sa bha an t-ìomradh gan dèanaibh, ach cha robh an t-eilean fhèin idir cho torach sa bha na fathannan a chuala iad ga dhèanaibh. Bha Alasdair air eòlas a' chuir air cuid de na h-iasgairean. Bha an t-iasg pailt ma chuairt an eilein.

Nuair a phòs Alasdair agus Màiri, chur iad seachad beagan tìde gle shona gun chàil a cuir dragh oirre ach na bha iad a cluinntinn ma na bha dol a' thighinn orra. Fhuair Alasdair cothrom air beagan talmhainn agus chur e suas fàrdach bheag an sin. Ged a bha e cho toilichte s a' ghabhadh a bhi leis a' bhean a' phòs e, bhitheadh beagan cianalais a' cuir dragh air. Thuirt ise ris, "Ged nach ro mise riamh anns an staid anns a' bheil e, tha mi ga thuigsinn."

(5)

Thachair gun ro a h-athair 's a' màthair fhathast beò ann an Loch Aineort 's bha iad fhèin bochd air a' son nuair a chuala iad man mhi-fhortain a thàinig orra. "Bheir sinn dhachaigh i fhèin 's a' mac," ars Eachann, a h-athair, " 's cha bhith cion cùraim orra 's cha bhith dìth no acras orra." "Bi mise glè thoilichte mu nì thu sin," fhreagair a' bhean.

(6)

"A' mhàthair," ars esan anns a thuil-tàimh, "an inns sibhse dhòmhsa dè bhitheas a toirt oirbh a bhi a caoineadh nuair nach bith agaibh ach sibh fhèin?"

Chur a' mhàthair a lamh ma amhaich 's dh'innis i dha facal air an fhacal mur a thachair an latha a' sheòl "Gruagach nan Tonn" 's a' chamhanaich a-mach à Loch Aineort 's nach do thill daoine de na bha na broinn tuilleadh.

Chruinnich gràin agus fuath mòr na chridhe an aghaidh an fheadhainn sin a chur athair 's a bhràithrean gu bàs.

Freagairtean le Stòrlann

(1)

Cha robh Dòmhnall fhathast ro ~~bh~~ chinnteach dè bha a' mhàthair a' ciallachadh agus chrath e a' cheann mus do lean e an fheadhainn eile a-null chun a' gheata far an robh duine a' gabhail airgead bhon fheadhainn a bha a' dol air an roth mhòr.

(2)

Bha iad air a dhol mu dhà mhìle a-mach às a' bhaile nuair a' chaidh an dà chàr poilis seachad orra.

“Cuiridh mi geall gur ann chun na fèille tha iad a' dol,” arsa Coinneach.

“Tha mi a' creidsinn gur ann,” arsa Seumas.

“Leigidh sinn ar n-anail ann an seo airson greiseag.”

(3)

Thòisich na Fìobhaich a' cuir suas thogalaichean na bu mhotha agus cha b' fhada gus an robh taighean an ìre mhath cofhurtail air an cuir suas cho fada muigh ri Ceann a' Bhàigh.

(4)

Cha robh sluagh an eilein idir cho borb 's a bha an t-iomradh gan dèanamh, ach cha robh an t-eilean fhèin idir cho torach 's a bha na fathannan a chuala iad ga dhèanamh. Bha Alasdair air eòlas a' chuir air cuid de na h-iasgairean. Bha an t-iasg pailt mu chuairt an eilein.

Nuair a phòs Alasdair agus Màiri, chuir iad seachad beagan tìde glè shona gun chàil a' cuir dragh oirra ach na bha iad a' cluinntinn mu na bha dol a' thighinn orra. Fhuair Alasdair cothrom air beagan talmhainn agus chuir e suas fàrdach bheag an sin. Ged a bha e cho toilichte 's a' ghabhadh a bhith leis a' bhean a' phòs e, bhiodh beagan cianalais a' cuir dragh air. Thuirt ise ris, "Ged nach robh mise riamh anns an staid anns a' bheil e, tha mi ga thuigsinn."

(5)

Thachair gun robh a h-athair 's a' màthair fhathast beò ann an Loch Aineort 's bha iad fhèin bochd air an son nuair a chuala iad mun mhì-fhortan a thàinig orra. "Bheir sinn dhachaigh i fhèin 's a' mac," ars Eachann, a h-athair, " 's cha bhith cion cùraim orra 's cha bhith dìth no acras orra." "Bidh mise glè thoilichte ma nì thu sin," fhreagair a' bhean.

(6)

"A' màthair," ars esan anns a thuil-tàimh, "an inns sibhse dhòmhsa dè bhios a' toirt oirbh a bhith a' caoineadh nuair nach bi agaibh ach sibh fhèin?"

Chuir a' màthair a làmh ma amhaich 's dh'innis i dha facal air an fhacal mar a thachair an latha a' sheòl "Gruagach nan Tonn" 'sa' chamhanaich a-mach à Loch Aineort 's nach do thill duine de na bha na broinn tuilleadh.

Chruinnich gràin agus fuath mòr na chridhe an aghaidh an fheadhainn sin a chuir athair 's a bhràithrean gu bàs.